




A bhith an sàs le Ghàidhlig Air Loidhne

Toraidhean an t-Suirbhidh
Màrt 2023



Clàr-innse

1. Ro-ràdh	2
2. Prìomh Thoraidhean.....	4
3. Toraidhean an t-Suirbhidh.....	9
Freagairtean luchd-freagairt gun a' Ghàidhlig	9
Cleachdadh Gàidhlig air loidhne.....	20
Freagairtean bho luchd-labhairt Fileanta.....	26
4. Deamografach an luchd-freagairt.....	40



1. Ro-ràdh



Tha sinn air a bhith ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig bho 2018 gus cleachdadh is ionnsachadh Gàidhlig na h-Alba a mheudachadh am measg òigridh na h-Alba, agus gus inbhe deimhinneach den Ghàidhlig a bhrosnachadh.

Tha an suirbhidh seo nam pàirt den obair com-pàirteachais agus tha e a' leantainn air na suirbhidhean a chaidh a dhèanamh sa Gheamhradh 2020-21 is 2021-22. Tha e ag amas air ar tuisge àrdachadh air na dòighean anns am bi daoine òga an sàs le Ghàidhlig air-loidhne, agus na goireasan agus na meadhanan a chleachdas iad as trice nuair a bhios iad a' coimhead airson susbaint agus fiosrachadh.

Tha sinn an dòchas gun cuidich toraidhean an t-suirbhidh seo sinn fhèin agus daoine eile ar tairgse Ghàidhlig a leasachadh. Cuidichidh seo leis na feumalachdan is miannan luchd-labhairt òga agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Alba.

Bha an suirbhidh fosgailte airson fhreagairtean eadar 24mh Samhain 2022 agus 6mh Gearran 2023 agus fhuair eadh **929** freagairtean slàn.

Notaichean

1. Chleachd an t-suirbhidh loidsig gus luchd-freagairt a stiùireadh gu ceistean a bha iomchaidh don eòlas aca. Mar sin, tha na mheudan sampail airson ceistean atharrachadh bho cheist gu ceist. Chaidh na mheudan sin ainmeachadh far a bheil seo iomchaidh.
2. Chaidh ceudadan a chleachdadh far an robh mheudan sampail 80 no nas àirde. Far an robh mheudan sampail nas lugha na 80, chaidh àireamhan a chleachdadh.
3. Chaidh na toraidhean a sgrùdadh a rèir sgìre ùghdarras ionadail. Cuiribh fios thugainn ma bhios ùidh agaibh anns na toraidhean gach sgìre fa leth.
4. Nuair a bha sinn a' mion-sgrùdadh cheistean teacsa fosgailte, bha feadhainn de na fhreagairtean air an seòrsachadh mar neo-iomchaidh. Chaidh an roinn-seòrsa seo a chleachdadh nuair a bha freagairtean neo-mhothachail no far nach robh iad air cuspair na ceiste a fhreagairt. Chuireadh notaichean san aithisg far an thachair seo

2. Prìomh Thoraidhean

Atharraichean bho suirbhidhean roimhe

Seo an treas turas a tha Young Scot air suirbhidh a ruith leis an aon seòrsa cheistean . Thairis air na trì bliadhna, tha atharrachaidhean air a bhith anns na freagairtean, gu h-àraidh a thaobh mothachadh agus ùidh anns an a' Ghàidhlig mar chànan.

- Mar eisimpleir tha an àireamh de luchd-freagairt gun Gàidhlig le **ùidh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig** air a dhol suas bho **49.6%** anns a' chiad suirbhidh gu **59.2%** anns an dàrna fear, gu **67.8%**.
- Tha an àireamh de luchd-freagairt gun Gàidhlig aig **nach robh ùidh ann an Gàidhlig ionnsachadh** air tuiteam bho **33.2%** a chaidh a thaghadh 'gun ùidh idir' agus 'gun ùidh mhòr' anns a' chiad suirbhidh, agus **40.7%** a chaidh a thaghadh 'Chan eil' san dàrna suirbhidh, gu **32.4%** anns an t-suirbhidh as ùire.
- Am measg luchd-ionnsachaidh, bha an àireamh sa cheud ag ràdh gun robh iad airson Gàidhlig ionnsachadh leis gu bheil i **na pàirt chudromach de chultar na h-Alba agus dearbh-aithne nàiseanta** air a dhol suas bho **66.0%** san dàrna suirbhidh gu **83.9%** am-bliadhna.
- Chaidh an àireamh de luchd-freagairt a thuirt gu bheil **iad a' faicinn susbaint Ghàidhlig air na meadhanan sòisealta** suas bho 50.1% anns a' chiad suirbhidh gu 55.8% anns an dàrna fear, gu 65.8% am-bliadhna.

Tuigse air agus fileantachd sa Ghàidhlig

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt an toiseach measadh a dhèanamh air cho fileanta sa tha iad sa Ghàidhlig. Bha beagan a bharrachd air 5% (**5.6%**) **fileanta sa Ghàidhlig**. Thuirt cha mhòr an treas cuid (**31.8%**) den luchd-fhreagairt gu robh iad **ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an doigh air choreigin**. Den fheadhainn a thuirt gur e luchd-ionnsachaidh a bh' annta, bha a' mhòr-chuid nan **luchd-tòiseachaidh (24.0%)**. B' e a' bhuidheann as cumanta **luchd nach robh ga bruidhinn (60.3%)**.

Feadhainn gun Ghàidhlig


1. Thuir **barrachd na dàrna leth** den luchd-fhreagairt aig nach robh Gàidhlig gu robh **ùidh aca Gàidhlig ionnsachadh (67.8%)**. 'S e àrdachadh a tha seo an taca ri toraidhean an t-suirbhidh roimhe.
2. Den luchd-fhreagairt aig **nach robh ùidh** ann an ionnsachadh na Gàidhlig chaidh faighneachd carson a bha iad den bheachd seo. B' e an cuspair a bu chumanta bho fhreagairtean **nach biodh ionnsachadh na Gàidhlig na bhuannachd phearsanta don neach**, neo **nach robh adhbhar ann**. Thuir feadhainn den luchd-freagairt gun robh iad a' faicinn Gàidhlig mar **chànan "marbh" no cànan a tha "a' bàsachadh"**. Thuir luchd-freagairt **nach robh iad eòlach air duine aig an robh an cànan** cuideachd.

Chaidh an dà cheist a leanas fhaighneachd don luchd-fhreagairt a thuir gu robh **ùidh aca ann an ionnsachadh na Gàidhlig**.

3. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh carson a tha ùidh aca ann an ionnsachadh na Gàidhlig agus b' e an adhbhar a bu chumanta gu bheil a' chànan **na phàirt chudromach de chultar is dearbh-aithne nàiseanta na h-Alba (71.2%)**. Bha ùidh aig **barrachd 's an dàrna leth den neach-fhreagairt (53.6%)** ann an cànan ionnsachadh **airson spòrs a-mhàin**. B' e na h-adhbharan as lugha a chaidh a thaghadh gun robh caraidean, daoine sa choimhearsnachd aca no teaghlaich ga bruidhinn.
4. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè an **seòrsa de shusbaint air-loidhne a chuidicheadh** a' Ghàidhlig ionnsachadh, b' e **bhideothan goirid** an leithid TikTok agus Instagram Reels air an taghadh na bu trice **(65.7%)**. Dh'fhreagair a bharrachd na an dàrna leth den luchd-fhreagairt **(62.5%) cùrsaichean structaraichte**.

Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

1. Den fheadhainn a bha ag ionnsachadh na Gàidhlig, bha nas motha na **80%** den luchd-fhreagairt ag iarraidh ionnsachadh air sgàth 's gu bheil **i na phàirt chudromach de chultar is dearbh-aithne nàiseanta na h-Alba (83.9%)**. Bha **dà thrìan den luchd-fhreagairt** air a bhith ag iarraidh a' chànan ionnsachadh leis gu robh ùidh aca ann an **eachdraidh is dualchas na h-Alba (67.8%)** no **direach airson spòrs (61.2%)**. A bharrachd air an sin, bha ùidh aig còrr is dàrna leth ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig gus **cuideachadh le fàs cànan (53.9%)** no leis gu robh **ùidh aca ann an òrain is ceòl Gàidhlig (52.1%)**.
2. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè na **goireasan air-loidhne as fhèarr airson cuideachadh** Gàidhlig ionnsachadh, thagh **nas motha na trì chairteal Duolingo (77.9%)**.

- 
3. Dh'iarr sinn air luchd-freagairt an t-suirbhidh làraich-lìn agus seanailean meadhanan sòisealta a mholadh a bhiodh iad a' cleachdadh airson Gàidhlig ionnsachadh. Dh'fhreagair **146** luchd-freagairt, a' toirt a-steach làraich-lìn, cunntasan TikTok, seanalain YouTube agus pod-chraolaidhean.
 4. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè an **seòrsa shusbaint air-loidhne a chuidicheadh** leis a' bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, bha cùrsaichean structaraichte (**64.4%**) agus **bhideothan goirid** an leithid TikTok agus Instagram Reels air an taghadh a bu trice (**64.0%**).

Cleachdadh Gàidhlig Air-loidhne

1. Thuir faisg air dàrna leth an luchd-fhreagairt (**48.7%**) **nach eil iad a' faicinn no a' cleachdadh Gàidhlig air-loidhne**. Den fheadhainn a **chunnaic no a chleachd Gàidhlig air-loidhne**, b' e am freagairt bu chumanta a chaidh a thaghadh **gach mìos (32.9%)**.


Chaidh na ceistean a leanas a chur gu neach-freagairt a chunnaic no a chleachd Gàidhlig air-loidhne.

2. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh **ciamar** a bha iad a' faicinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig air-loidhne, thagh faisg air dà thrian **postan Gàidhlig air na meadhanan sòisealta (65.8%)**. B' ann a' coimhead **bhideothan no prògraman Tbh (32.9%)** a bh' anns na roghainn cumanta cuideachd.
3. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh **càite** an robh iad a' faicinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig air-loidhne, thagh còrr is leth **TikTok (53.9%)** agus **Duolingo (52.6%)** agus faisg air leth **Instagram (47.0%)**.
4. Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè **seòrsa susbaint Ghàidhlig** a bha a' còrdadh riutha, bha **bhideothan goirid** leithid TikTok agus Instagram Reels air an taghadh na bu trice (**65.8%**).

Chaidh an cheist a leanas air am faighneachd don h-uile neach-freagairt.


Am biodh tu airson barrachd susbaint Gàidhlig fhaicinn air-loidhne agus air na meadhanan sòisealta?

5. Thuir nas motha na **80% (81.1%)** den neach-fhreagairt gum **bu toil leotha barrachd susbaint Gàidhlig fhaicinn air-loidhne agus anns na meadhanan sòisealta**.

- 
- Den fheadhainn a **bhiodh airson barrachd susbaint fhaicinn**, thuir nas motha na trì chairteal dhaibh (**76.5%**) gum bu mhath leotha **bhideothan goirid** an leithid **TikTok agus Instagram Reels**, agus **60.4%** ag ràdh **puist air na meadhanan sòisealta leithid Instagram agus Facebook**.
 - A **thaobh far am biodh iad airson barrachd susbaint fhaicinn**, bha **Instagram (78.0%)**, **TikTok (73.8%)** agus **Youtube (69.5%)** air am freagairt na bu trice.

Luchd-labhairt fileanta

- Thuir **52** luchd-freagairt gun robh iad fileanta.
- Thuir a' mhòr-chuid den luchd-freagairt (**44 a-mach à 52**) gu bheil iad **a' coimhead airson fiosrachadh air-loidhne tro Google**.
- Thuir barrachd na an darna leth aden luchd-fhreagairt (32 a-mach à 52) gun **lorgadh iad goireasan fiosrachaidh ann am Beurla** seach sa Ghàidhlig. Nuair a chaidh iarraidh orra an roghainn aca a mhìneachadh, rinn an fheadhainn a thagh **goireasan Gàidhlig** a' mhòr-chuid sin gus na **sgilean a bha aca mu thràth a leasachadh**. Thuir neach-freagairt a thagh **goireasan Beurla** gu bheil iad **nas fhasa a thuigsinn, a chleachdadh agus a ruigsinn na goireasan Gàidhlig**.
- Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè an seòrsa fiosrachaidh a bu toil leotha a bhith comasach air a lorg, no a lorg nas fhasa sa Ghàidhlig, bha **cothroman do dhaoine òga (36 a-mach à 52)** agus **tachartasan làithreach, naidheachdan agus poilitigs (35 a-mach à 52)** air an taghadh na bu trice.
- Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè na meadhanan a b' fheàrr leotha nuair a bha iad a' sireadh fiosrachaidh air-loidhne, bha **blogaichean agus artaigilean sgrìobhte (34 a-mach à 52)** agus **bhideothan (29 a-mach à 52)** air an taghadh na bu trice.
- Nuair a chaidh faighneachd dhaibh dè na làraich-lìn Ghàidhlig, goireasan air-loidhne, stòran air-loidhne agus tobraichean fiosrachaidh a bha iad a' smaoinachadh a bha "fìor mhath", bha **Am Faclair Beag (www.faclair.scot) (45 out of 52)** air an taghadh na bu trice.
- Chaidh iarraidh air neach-freagairt **mineachadh dè na goireasan Gàidhlig air-loidhne a bu toil leotha a bhith air an cruthachadh**. Bha na molaidhean a bu chumanta airson



goireasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig leithid cultar, eachdraidh agus naidheachdan. Bha ùidh cuideachd ann an àitichean sònraichte airson Gàidhlig air na meadhanan sòisealta a bharrachd air goireasan gus sgilean Gàidhlig a leasachadh.

Luach na Gàidhlig

1. Bha nas motha na trì chairteal den luchd-fhreagairt (82.5%) den beachd gun robh **cultar agus dualchas** na Gàidhlig nan **rud math no luachmhor**.
2. Bha nas motha na trì chairteal den luchd-fhreagairt (79.1%) den beachd **gun robh a' Ghàidhlig luachmhor**.



3. Toraidhean an t-Suirbhidh

Fhuair an suirbhidh 929 freagairtean slàn.

Nuair a chaidh faighneachd dhaibh an ìre fileantachd aca a fèin-mheasadh, bha trian den luchd-fhreagairt nan luchd-ionnsachaidh aig ìre air choreigin (31.8%). Den fheadhainn a thuir gur e luchd-ionnsachaidh a bh' annta, b' e luchd-tòiseachaidh a bh' anns a' mhòr-chuid dhaibh. B' e daoine nach robh a' bruidhinn na Gàidhlig na bhuidheann as motha.


Fileantachd	% Freagairtean
Neo-labhairt	60.3%
luchd-ionnsachaidh Tòiseachaidh	24.0%
luchd ionnsachaidh Eadar-mheadhanach	6.0%
Fileanta	5.6%
luchd-ionnsachaidh Adhartach	1.8%

Freagairtean luchd-freagairt gun a' Ghàidhlig

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd don 560 luchd-freagairt a thuir nach robh a' Ghàidhlig aca.

A bheil ùidh agad Gàidhlig ionnsachadh?

Thuir a mhòr cuid den luchd-fhreagairt (380) gu robh ùidh aca ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig (67.8%). 'S e àrdachadh a tha seo an taca ri toraidhean an t-suirbhidh roimhe (nuair a thuir 59.2% gun robh ùidh aca ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig).



Chaidh a' cheist a leanas fhaighneachd don **180** luchd-freagairt aig **nach robh** ùidh Gàidhlig ionnsachadh.

Carson nach eil ùidh agad anns a' bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig?

Chaidh a' cheist seo freagairt leis a **h-uile luchd-freaghairt**. Bha ceithir de na freagairtean neo-ionchaidh.

Bha am beachd nach biodh ionnsachadh na Gàidhlig na bhuannachd phearsanta don neach air a nochdadh na bu trice anns na freagairtean. Thuir grunn luchd-freagairt gun robh iad a' faicinn Gàidhlig mar chànan "marbh" no cànan a tha "a' bàsachadh". Thuir aon neach-fhreagairt cuideachd nach robh iad eòlach air duine aig an robh an cànan nas motha.

Cuspair	Freagairtean
Chan eil iad a' faireachdainn gum biodh ionnsachadh na Gàidhlig na bhuannachd dhaibh	61
Air fhaicinn mar mhion-chànan gun deagh adhbhar ga ionnsachadh	51
Air fhaicinn mar chànan a tha a' bàsachadh/marbh	34
B' fheàrr iad cànan eile ionnsachadh	27
A' faicinn Gàidhlig mar rud ro dhoirbh airson ionnsachadh	25
Chan eil ùidh ann an ionnsachadh	18
Chan aithne dhaibh duine aig a bheil a' Ghàidhlig	17
Tha an cànan stèidhichte ann an sgìre sònraichte	13
Chan eil ùine ann airson a h-ionnsachadh	7
Chan eil an cànan a' còrdadh riutha	7
Bidh Beurla cuideachd aig a' mhòr-chuid de dhaoine aig a bheil Gàidhlig	7
Chan eil iad nan Albannach	3
Chan eil fios aca torr mu dheidhinn a' Ghàidhlig	3
A' faireachdainn nach eil na goireasan aca airson Gàidhlig ionnsachadh	2



“It seems like a very difficult language to learn, and I don’t have any way I could learn it.”

“I don’t see it as being useful to me in the future. Everyone who speaks Gaelic also speaks English - so I can already communicate with them. It would be more useful to learn a language that would enable me to communicate with others.”


“I don’t know anyone who speaks it.”

“I don’t think I would even find a use for it as it is a dying language.”

Chaidh an dà cheist a leanas fhaighneachd dhan **379** luchd-freagairt aig an robh ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig.

Carson a tha ùidh agad Gàidhlig ionnsachadh?

B’ e pàirt chudromach de chultar is dearbh-aithne nàiseanta na h-Alba an adhbhar chaidh a thaghadh as trice. Tha ùidh aig barrachd na na an darna leth de luchd-freagairt ann an ionnsachadh a’ chànain airson spòrs a-mhàin. Bha caraidean, daoine sa choimhearsnachd aca, no teaghlach a tha ga bruidhinn air an taghadh na bu trice mar adhbharan gus a’ Gha1idhlig ionnsachadh.



‘S e ioma-roghainn a bh’ anns a’ cheist seo, agus mar sin cha bhi na toraidhean gu h-ìomlan 100%.


Thagh **deichnar luchd-freagairt** “rud eile”. Chitheargeàrr-chunntas de na freagairtean aca gu h-ìosal.




Cuspair	Freagairtean
Tha iad ag iarraidh a' bhith an sàs anns a' chultar agus an dearbh-aithne Albannach aca	4
Ag iarraidh a bhith comasach Gàidhlig a bhruidhinn	2
Cothroman sòisealta	2
Spòrs (camanachd)	1
Ag iarraidh cuideachadh a thoirt taic don chànan san àm ri teachd	1

Dè an seòrsa de shusbaint air-loidhne a chuidicheadh tu gus Gàidhlig ionnsachadh ?

Bha bhideothan goirid, an leithid TikTok agus Instagram Reels air an taghadh as trice. Bha ùidh aig a bharrachd na an darna leth de neach-freagairt ann an ionnsachadh a' chànan tro chùrsaichean structarichte. Bha an seòrsa susbaint as lugha a chaidh a thaghadh susbaint beò, an leithid Sgeulachdan Instagram.



'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, agus mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 100%.



Cuspair	Freagairtean
Ag iarraidh gum bhiodh a' Ghàidhlig ga teagasg anns na sgoiltean	2
App sònraichte airson Gàidhlig ionnsachadh	1
Seiseanan air-loidhne (oideachadh-lìn)	1
Bàrdachd	1

Fhreagair **coignear luchd-freagairt** “rudeigin eile”. Chì thu geàrr-chunntas de na freagairtean aca gu h-ìosal.




Freagairtean bho luchd-ionnsachaidh

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd dha 317 luchd-freagairt a fhreagair gum b' e neach-tòiseachaidh, eadar-mheadhanach no adhartach na Gàidhlig a bh' annta.

Carson a tha thu airson Gàidhlig ionnsachadh?

Fhreagair 80% (83.9%) luchd-freagairt gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt de chultar na h-Alba agus de dhearbh-aithne nàiseanta a th' annta. Bha barrachd na an darna leth den luchd-freagairt ag iarraidh a' chànan ionnsachadh air sgàth 's gun robh ùidh aca ann an eachdraidh is dualchas na h-Alba no airson ceòl is spòrs a-mhàin. Cha do fhreagair mòran luchd-freagairt gun robh caraidean no daoine sa choimhearsnachd aig a bheil a' Ghàidhlig no gum biodh an cànan a thoirt cothroman dreuchdail dhaibh.



B' e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, agus mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 100%.


Fhreagair fichead 's a h-aon luchd-freagairt "rudeigin eile". Chìtheargeàrr-chunntas de na freagairtean aca gu h-ìosal.

Cuspair	Freagairtean
A' dol gu sgoil Ghàidhlig	7
Ag iarraidh gabhail ri cultar is dearbh-aithne Albannach	4
Caidreach aca a' bruidhinn Gàidhlig	2
Ag iarraidh cuideachadh a' chànan san àm ri teachd	2

Caraid aca a' bruidhinn Gàidhlig	1
Ùidh anns a' chànan ionnsachadh	1
A' bruidhinn Gàidhlig na h-Èireann	1
A' bruidhinn Cuimris	1
Sgrùdaidhean oilthigh	1
Ag iarraidh a bhith comasach leughadh agus sgrìobhadh sa Ghàidhlig	1


Dè na goireasan air-loidhne a tha as cuideachail airson a' Ghàidhlig ionnsachadh?

Fhreagair nas motha na dà thrian de luchd-fhreagairt *Duolingo*. Am measg nan goireasan feumail eile bha *BBC Alba / Iplayer* (43.2%) agus bhideothan air-loidhne, leithid *YouTube* (32.8%) agus *TikTok* (27.1%). Cha do fhreagair mòran neach-freagairt clasaichean didseatach agus bùthan-obrach.



'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, agus mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 100%.

Fhreagair **ceithir deug** luchd-freagairt "rudeigin eile". Chtheargèarr-chunntas de na freagairtean gu h-ìosal.



Cuspair	Freagairtean
Leabhraichean agus artaigilean	4
Teaghlach agus caraidean	4
Apps (Duolingo agus IndyLan)	3
Cùrsaichean foghlaim air-loidhne	3

A bheil làraichean-lìn, seanailean meadhanan sòisealta no luchd-buaidh sam bith airson Gàidhlig ionnsachadh a bhiodh tu a' moladh do dhaoine eile?

Fhreagair **146 luchd-freagairt** an ceist seo. Chaidh ceathrad 's a h-aon freagairt a sheòrsachadh mar neo-ìomchaidh. Am measg nam molaidhean bha làraich-lìn, seanailean TikTok, seanalain YouTube agus pod-chraolaidhean.

Cuspair	Freagairtean
Làraich-lìn	29
Seanailean TikTok	28
Seanailean YouTube	20
Goireasan BBC	16
Duolingo	15
Seanailean Instagram	13
Ceòl	5
Pod-chraolaidhean	4
Prògram tbh	3
Frithealaiche Discord	2
Reddit	2


Am measg nan goireasan a chaidh ainmeachadh bha:



- Seanail YouTube – “Gaelic with Jason”
- Làrach-lìn “Speak Gaelic” agus na seanailean meadhanan sòisealta aca
- Luchd-cleachdaidh TikTok agus Instagram mar: “choirstaidhiona.jpeg”, “caldamac” agus “honeyandtote”
- BBC Alba
- Am Faclair Beag – Faclair Gàidhlig na h-Alba

A bheil coinneamhan pearsanta / clubaichean / tachartasan am biodh thu a’ a mholadh do neach-ionnsachaidh no neach-labhairt na Gàidhlig eile?

Cha deach mòran mholaidhean a dhèanamh an seo. Thuir beagan den luchd-fhreagairt *Seiseanan Ciùil (18.3%)* agus *Clubaichean is gnìomhan san sgoil*.



Fhreagair **ceithir deug luchd-freagairt** “rudeigin eile”. Chithear geàrr-chunntas de na freagairtean seo gu h-ìosal.

Cuspair	Freagairtean
Clasaichean ionadail	3
Colaiste/Oilthigh	2
Seiseanan san sgoil agus clubaichean	2
Comainn oilthigh	2
Tha iad ag iarraidh gum biodh cothrom aca a’ bhith an sàs le tachartasan / cothroman pearsanta.	2
Geamaichean Gàidhealach	1

Oidhcheannan ceòl traidiseanta Albannach	1
A' bruidhinn Gàidhlig le caraid	1

Bu mhat leinn cluintinn mu na coinneamhan pearsanta / clubaichean / tachartasan air an robh thu an sàs. Ma tha thu ag iarraidh, cleachd am bogsa gu h-ìosal gus innse dhuinn.

Fhreagair **caogad luchd-freagairt** an ceist seo. Chaidh trì freagairtean a sheòrsachadh mar neo-iomchaidh. Am measg nam freagairtean bha **chòisirean agus seiseanan/tachartasan ciùil eile, tachartasan is buidhnean coimhearsnachd ionadail, agus Cèilidhean.**

Cuspair	Freagairtean
Còisirean agus seiseanan/tachartasan ciùil eile	9
Tachartasan agus buidhnean coimhearsnachd ionadail	9
Cèilidhean	8
Clasaichean agus tachartasan oilthigh airson Gàidhlig	7
FilmG	6
Mòd Nàiseanta	6
Clubaichean agus seiseanan sgoile	5
Bu mhat leatha barrachd thachartasan pearsanta fhaicinn	4
Fèisean Gàidhlig eile	3
Comainn oilthigh	3
Boghadaireachd	2
Buidhnean stuidaidh Gàidhlig	2
Oidhcheannan a-muigh Gàidhlig	2

“At my local village there is a community centre where learning Gaelic songs and writing Gaelic poems was on offer”


“At university, we are encouraged to form Gaelic study groups comprised of both native speakers and learners. My group meets several times a week and has greatly helped my conversation skills”

“I go to Scottish traditional music sessions, which often have a few Gaelic speakers at. I also go to festivals (such as the gathering) which attract a strong Gaelic community”

“Ghabh mi pàirt ann FilmG aig sgoil. Bha e gu math spòrsail, cuidich mi leis an filmeadh agus an deasachadh.”


Dè seòrsa susbaint a bhios thu a’ smaoinichadh a chuidicheadh tu ag ionnsachadh na Gàidhlig

Bha cùrsaichean structaraichte (64.4%) agus bhideothan goirid an leithid TikTok agus Instagram Reels (64.0%) air an taghadh na bu trice. Cha robh artaigilean / blogaichean air a thaghadh gu tric.



‘S e ioma-roghainn a bh’ anns a’ cheist seo, agus mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 100%.

Fhreagair **tri deug luchd-freagairt** “rudeigin eile”. Chitheargeàrr-chunntas de na freagairtean seo gu h-ìosal.




Cuspair	Freagairtean
Cothroman ionnsachadh san sgoil	4
Stuthan sgrìobhte aig ìre tòiseachaidh agus bhideothan a tha nas ruigsinneach	3
Clubaichean agus seiseanan ionadail airson chleachdadh na Gàidhlig	3
Apps (Duolingo agus Memrise)	1
Prògraman Tbh chloinne Gàidhlig	1
Instagram Reels	1

Cleachdadh Gàidhlig air loidhne


Chaidh a’ cheist a leanas fhaighneachd don **h-uile luchd-freagairt**.

Dè cho tric a bhios tu a’ faicinn no a’ cleachdadh na Gàidhlig air-loidhne?

Fhreagair nas lugha na leth (**48.7%**) den luchd-freagairt nach robh iad a’ faicinn no a’ cleachdadh Gàidhlig air-loidhne.




A-mach às an **477 luchd-freagairt a chunnaic no a chleachd Gàidhlig air-loidhne**, b’ e ‘a h-uile mìos’ am freagairt as cumanta a chaidh a thagadh



Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd dha **477 luchd-freagairt a chunnaic no a chleachd Gàidhlig air-loidhne.**

Ciamar a bha thu a' faicinn agus a' cleachdadh na Gàidhlig air-loidhne?

Thuirt faisg air dà thrian den luchd-freagairt (**65.8%**) **gun robh iad** a' faicinn Ghàidhlig sna meadhanan sòisealta. B' e taghadh cumanta eile a bhith **a' coimhead bhideothan no prògraman Tbh (32.9%)** no **a' cleachdadh ghoireasan ionnsachaidh (29.1%)**. Cha robh thachartasan Gàidhlig air-loidhne agus aig an obair air an taghadh gu tric.



'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, agus mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 100%.


Fhreagair **fichead 's a ceithir luchd-freagairt rudeigin eile**. Chitheargeàrr-chunntas de na freagairtean aca gu h-ìosal.

Cuspair	Freagairtean
Ag èisteachd ri ceòl Gàidhlig	5
Soidhnichean agus sanasan	5
Làraich-lìn aig na Riaghaltas	3
Na meadhanan sòisealta	3
Chàraichean èiginn	2
Chan fhaic no cleachd Gàidhlig riamh	2

Goireasan sgoil	2
Duolingo	1
Artaigilean agus leabhraichean air-loidhne	1
A' cleachdadh Gàidhlig nan aonar.	1

Càite am faic agus a chleachdas tu Gàidhlig air-loidhne?

Thagh nas motha na leth den luchd-fhreagairt TikTok (53.9%) agus Duolingo (52.6%), le faisg air leth den luchd-fhreagairt (47%) a' taghadh Instagram. B' e *Discord* am fear a chaidh aghadh as lugha.



'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, agus mar sin cha bhi na toraidhean gu h-ìomlan 100%.


Chaidh 'eile' a thaghadh le naoi-deug luchd-freagairt. Chìthear gearr-chunntas freagairtean gu h-ìosal Fhreagair naoi deug den neach-freagairt "*Rudeigin Eile*". Chìthear gearr-chunntas de na freagairtean aca gu h-ìosal.

Cuspair	Freagairtean
Làraich-lìn agus goireasan a' BhBC	6
Làraich-lìn aig an Riaghaltas	3
Spotify	3
Apps teachdaireachd	2

Tumblr	2
Mastodon	1
Chan fhaic no cleachd Gàidhlig riamh	1
Prògraman tbh	1

Dè an seòrsa susbaint Gàidhlig a bhios a' còrdadh riut?

B'è bhideothan goirid leithid TikTok agus Instagram Reels (68.8%) agus bhideothan nas fhaide mar Youtube (45.7%) a bh' ann air an taghadh na bu trice. Cha robh *artaigilean sgrìobhte* an seòrsa susbaint air an taghadh gu tric.



'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, agus mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 100%.


Fhreagair **naoi deug** luchd-freagairt *rudeigin eile*. Bha naoi freagairtean neo-ìomchaidh. Chìtheargèarr-chunntas de na freagairtean aca gu h-ìosal.

Cuspair	Freagairtean
Ceòl Gàidhlig	3
Prògraman Tbh Gàidhlig	2
Bhideothan airson briathrachas na Gàidhlig a leasachadh	2
Còmhradhean air na meadhanan sòisealta	1
Is toil leotha a bhith a' faicinn susbaint a bhrosnaicheas a' Ghàidhlig	1

Chaidh a' cheist a leanas fhaighneachd don **h-uile luchd-freagairt**.

Am biodh tu airson barrachd susbaint Gàidhlig fhaicinn air-loidhne agus air na meadhanan sòisealta?


Fhreagair nas motha na 80% (**81.1%**) den luchd-fhreagairt gum biodh iad airson barrachd susbaint Gàidhlig fhaicinn.



Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd don 753 **luchd-freagairt a fhreagair gum biodh iad airson barrachd susbaint Gàidhlig fhaicinn**.

Dè an seòrsa susbaint Ghàidhlig bu toil leat fhaicinn?

Bha bhideothan goirid an leithid TikTok agus Instagram Reels (**76.5%**) air an taghadh na bu trice. Cha robh susbaint beò air a thaghadh gu tric.




'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, agus mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 100%.

Fhreagair **seachd luchd-freagairt rudeigin eile**. Chitheargeàrr-chunntas de na freagairtean aca gu h-ìosal.

Cuspair	Freagairtean
Ag iarraidh barrachd susbaint Gàidhlig	2
Susbaint le eisimpleirean de chòmhruidhean sa Ghàidhlig	1
Barrachd susbaint airson neach-labhairt adhartach	1
Barrachd susbaint airson neach-tòiseachaidh	1
Ag iarraidh fhaicinn Gàidhlig air a teagasg anns na sgoiltean	1

Càite am biodh tu airson barrachd susbaint Gàidhlig fhaicinn?

Bha *TikTok* agus *Instagram Reels* air an taghadh na bu trice Cha robh *Snapchat* air a thaghadh gu tric.



'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, agus mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 100%.

Fhreagair **coig deug luchd-freagairt rudeigin eile**. Chitheargeàrr-chunntas de na freagairtean aca gu h-ìosal.

Cuspair	Freagairtean
Tumblr	4
Reddit	3
Meadhanan sòisealta Albannach	2
Sgoil	2
Discord	1
Ag iarraidh barrachd susbaint Gàidhlig fhaicinn	1
Mastodon	1
Spotify	1
Tbh agus seirbheisean sruthadh	1


Freagairtean bho luchd-labhairt Fileanta

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd dha **52 luchd-freagairt** a fhreagair gun robh iad **Fileanta sa Ghàidhlig**. Tha a h-uile graf san earrann seo air aithris le àireamhan slàn seach ceudadan leis gu bheil meud an t-sampall nas lugha na 80 luchd-freagairt.



Càite am bi thu a' coimhead airson fiosrachadh air-loidhne?

Fhreagair a' mhòr-chuid (**44 a-mach a 52**) de luchd-fhreagairt Google. Cha b' e einnsean sgrùdaidh eadar-dhealaichte air a thaghadh gu tric mar fhreagairt.



'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 52.


Fhreagair ochd neach-fhreagairt *Rudeigin eile*. Chithearna freagairtean aca gu h-ìosal.

Cuspair	Freagairtean
Goireasan BhBC	4
Am Faclair Beag	2
Discord	1
Na bi a-riamh a' coimhead airson fiosrachadh air-loidhne	1

Nam biodh tu a' sireachd fiosrachadh agus nan robh fios agad gu robh e ri fhaighinn ann an Gàidhlig agus Beurla, dè an goireas a chleachdadh tu?

Fhreagair nas motha na leth an luchd-fhreagairt (**32**) Beurla an taca ri **27** luchd-fhreagairt a thagh Gàidhlig. Chaidh iarraidh air luchd-fhreagairt am freagairt aca a mhìneachadh.





Carson a chleachdas tu goireas Gàidhlig?

Freagair **fichead luchd-freagairt a thuir gun cleachdadh iad an goireas Gàidhlig..** Chaidh aon fhreagairt a sheòrsachadh mar neo-ìomchaidh.

B' e leasachadh na sgilean Gàidhlig a bh' ann am freagairt a bu cumanta a chaidh.. Fhreagair cuid eile gur e rud math a bhith a' cleachdadh goireasan Gàidhlig a bha rim faighinn.

Cuspair	Freagairtean
Sgilean Gàidhlig a leasachadh	9
Neach-labhairt dùthchasach na Gàidhlig	5
B' fheàrr leotha goireasan Gàidhlig	3
Tha e nas spòrsail	2

“Is toil leam a bhith a' cleachdadh Gàidhlig anns mo bheatha làitheil. Tha mi a' smaointinn gu bheil e rud math a bhith a' cumail na Gàidhlig beò.”

“It is easier for me to read and understand because Gàidhlig is my first language”

“Because it's good for my language skills to engage with various sources through the language”

Carson a chleachdas tu na goireasan Beurla?

Freagair **trichead sa dhà luchd-freagairt a thuir gun cleachdadh iad an goireas Beurla.** Chaidh aon fhreagairt a sheòrsachadh mar neo-ìomchaidh.

Thuir iad gun robh goireasan Beurla na b' fhasa a thuigsinn, a chleachdadh agus rim lorg na goireasan Gàidhlig.

Cuspair	Freagairtean
Nas fhasa a thuigsinn	13
Nas fhasa inntrigeadh	10
A' faireachdainn nas cofhurtail goireasan sa Bheurla lorg.	4
Sgrùdach de ghoireasan Gàidhlig	3

"I would use the English resource and then switch to Gaelic to make sure I fully understand"


"English is my first language. Although I speak fluent Gaelic having gone through the Gaelic medium in primary school, I am more comfortable speaking in English"

"English yields a higher number of results going into greater detail."

"Most Gaelic resources aren't specific/accurate"

Dè am fiosrachadh a bhiodh tu airson lorg, no airson lorg nas fhasa, sa Ghàidhlig?

Bha na roghainnean a bu chumanta a chaidh a thaghadh na cothroman do dhaoine òga agus naidheachdan is poilitigs. Bha spòrs is taic sgoile na roghainnean a bu lugha a chaidh a thaghadh.




'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 52.

Fhreagair **triùir luchd-freagairt Rudeigin eile**. Chìthearna freagairtean aca gu h-ìosal.

Cuspair	Freagairtean
A' creidsinn gu bheil goireasan gu leòr ann mar-tha	1
Goireasan cultarail Gàidhlig (ceòl is eachdraidh)	1
Geamannan Gàidhlig	1

Dè na meadhanan as fheàrr leat a chleachdadh nuair a bhios tu a' coimhead airson fiosrachadh air-loidhne?

Bha na roghainnean a bu chumanta a chaidh a thaghadh *blogaichean / artaigilean sgrìobhte agus bhideothan*. Bha *grafaig-fhiosrachaidh* an roghainn a bu lugha a chaidh a thaghadh.




'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 52.

Fhreagair **aon neach-freagairt Rudeigin eile**. Thuir iad “rèidio agus cruthan bhidio ruigsinneach”

Bha toraidhean na ceist seo coltach ris an fheadhainn san t-suirbhidh mu dheireadh a thaobh roghainn, ged a bha bhideothan air a bhith thaghadh na bu trice san suirbhidh mu dheireadh.

Dè na làraich-lìn, goireasan air-loidhne, stòran air-loidhne, tobraichean fiosrachaidh Ghàidhlig a tha math?

Thagh a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt *Am Faclair Beag* (45 a-mach a 52). Cha robh *iomairt Young Scot* air a taghadh gu tric.



'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 52.

Fhreagair **ceithir luchd-freagairt Rudeigin eile**. Cha do mhinich aon neach-freagairt am freagairt aca. Chìthear na trì freagairtean eile gu h-ìosal.





Cuspair	Freagairtean
BBC Alba	1
Tasg-lann Didseatach de Ghàidhlig na h-Alba	1
Marcas Mac an Tuairneir	1

A bheil làraichean-lìn, seanailean meadhanan sòisealta no influencer Ghàidhlig sam bith a bhiodh tu a' moladh do dhaoine eile?

Thug **fichead sa ochd luchd-freagairt** freagairt sgrìobhte. Chaidh ceithir fhreagairt a sheòrsachadh mar neo-iomchaidh. Am measg nam molaidhean bha: làraich-lìn, seanailean TikTok, agus Goireasan a' BhBC.

Cuspair	Freagairtean
Làraich-lìn	10
Seanailean TikTok	7
Goireasan a' BhBC	5
Seanailean Instagram	3
A' moladh goireasan Gàidhlig Young Scot	2
FilmG	1
Taisbeanaidhean radio	1
Seanailean YouTube	1

Am measg nan goireasan cumanta a chaidh ainmeachadh bha:

- Am Faclair Baeg
- Làrach-lìn LearnGaelic agus meadhanan sòisealta aca
- Seanailean Instagram is TikTok: “oiseanlauren”, “chiorstaidhiona.jpeg”, and “s0mhairle”



A bheil lionraidhean Gàidhlig no àiteachan air-loidhne am biodh tu a' moladh do dhaoine eile?

Thug **fichead sa coig luch-freagairt** freagairt sgrìobhte. Chaidh naoi fhreagairtean a sheòrsachadh mar neo-ìomchaidh.

Cuspair	Freagairtean
Tha goireasan meadhanan sòisealta math dha neach-tòiseachaidh	5
Goireasan a' BhBC	4
Làraichean-lìn	4
Tachartasan Bòrd na Gàidhlig	2
Duolingo	1
Fèisean Gàidhlig (Fèis nan Gàidheal FNG)	1
Goireasan eachdraidh na Gàidhlig sgèireil	1
Goireasan Gàidhlig Young Scot	1

Nam b' urrainn dhut faigheachd airson goireas Gàidhlig air-loidhne a chruthachadh, dè biodh tu ag iarraidh / cò ris a bhiodh e coltach?

Fhreagair **trichead sa dhà luchd-freagairt**. Chaidh trì fhreagairtean a sheòrsachadh mar neo-ìomchaidh.

Bha na molaidhean as cumanta airson goireasan mu ùidhean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig mar cultar, eachdraidh agus naidheachdan. Bha ùidh cuideachd ann ann an seanailean dìreach airson Gàidhlig air na meadhanan sòisealta agus goireasan gus Gàidhlig dhaoine a leasachadh.

Cuspair	Freagairtean
Goireasan eadar-theangachaidh nas fheàrr	5
Goireasan cur-seachad Gàidhlig (bhideothan, filmichean, geamannan)	5
Barrachd taic do ghoireasan Gàidhlig air nam meadhanan sòisealta	5

Àiteachan air-loidhne far am faod neach na Gàidhlig ceangal dhèanamh le daoine eile.	5
Goireasan airson òigridh	3
Goireasan nas fheàrr airson neach-ionnsachaidh/neach-labhairt adhartach	2
Cùrsaichean ranntrach Gàidhlig	2
Goireasan Gàidhlig neo-fhoirmeil (blogaichean dòigh-beatha, cleachdadh gu làitheil)	2
Fiosrachadh mu thachartasan Gàidhlig	2
Spòrs Gàidhlig	1

“A space for people to connect with others who speak Gaelic and any opportunities surrounding or about Gaelic that people might be interested in provided.”


“I would like to see better, informed support on TikTok and Instagram around enriching vocabulary, and the fundamentals of grammar.”

“Something similar to regular English resources. Youth friendly and relatable as I think a lot of young people think Gaelic version = boring, which doesn’t have to be the case!”

“Maybe a website where you can find more obscure Gaelic words maybe people are forgetting to improve your vocabulary, a bit like a dictionary but where it tells you how to say it and an example of it being used or something like that.”

A bheil coinneamhan / clubaichean / tachartasan air an robh thu a’ frithealadh a mholadh tu do neach-ionnsachaidh no neach-labhairt na Gàidhlig eile?

Bha na freagairtean an seo a’ gabail a-steach seiseanan ciùil leithid còisirean Gàidhlig agus cèilidhean, bha cuideach tachartasan Gàidhlig eile mar FilmG, Seachdain na Gàidhlig agus clubaichean is tachartasan san sgoil.



'S e ioma-roghainn a bh' anns a' cheist seo, mar sin cha bhi na toraidhean gu h-iomlan 52.

Fhreagair **aon neach-freagairt Rudeigin eile**. Bha iad a' bruidhinn mu dheidhinn “prògraman bogaidh”.

Bu mhath leinn cluinntinn mu na coinneamhan / clubaichean / tachartasan air an robh thu an sàs. Ma tha thu ag iarraidh, cleachd am bogsa teacsa gu h-ìosal gus innse dhuinn.

Fhreagair **fichead sa seachd luchd-freagairt..** Chaidh aon freagairt a sheòrsachadh mar neo-iomchaidh.

Cuspair	Freagairtean
FilmG	10
Còisirean Gàidhlig agus tachartasan ciùil	7
Clubaichean agus tachartasan sgoile	7
Mòd Nàiseanta	6
Campaichean Gàidhlig	3
Spòrs Gàidhlig	3
Oidhcheannan a-muigh Gàidhlig	3



Buidhnean coimhearsnachd ionadail	2
Cèilidhean	1
Cùrsaichean cànan air-loidhne	1
Comainn oilthigh	1

“Bidh sinn a' gabhail pàirt ann am Filmg gu tric!”

“National Mòd - fìor dheagh chothrom airson a' cruinneachadh ri daoine aig a bheil Gàidhlig”

“I am a part of our school's shinty team in which Gaelic is a focal point and we are encouraged to use it as much as we can.”

“I love singing in the Gaelic choir, it's a way to use our native language with friends in a creative way. A celebration of culture within music.”

Luach na Gàidhlig

Chaidh na ceistean a leanas fhaighneachd don **h-uile luchd-freagairt**.

Dè cho luachmhor sa tha cultar agus dualchas na Gàidhlig?

Bha nas motha na trì chairteal (**82.5%**) den beachd gun robh cultar is dualchas na Gàidhlig *rud luachmhor* no *fìor luachmhor*.



Chan eil e idir luachmhor 4.3%

Chan eil e glè luachmhor 2.7%

Dè cho luachmhor sa tha a' Ghàidhlig?


Bha barrachd na dà thrian (**79.1%**) luchd-freagairt nam beachd gu bheil Ghàidhlig *luachmhor* no *fìor luachmhor*.



Chan eil e idir luachmhor 3.8%
 Chan eil e glè luachmhor 4.7%


A bheil fios agad gu bheil Young Scot a' dèanamh susbaint agus fiosrachadh Gàidhlig, a bhios sinn a' postadh air duilleag-lìn #YSGaelic agus air na meadhanan sòisealta?

Bha 22% den luchd-fhreagairt mothachail air susbaint agus fiosrachadh Gàidhlig Young Scot.



Dè cho feumail 's a tha susbaint agus fiosrachadh Gàidhlig Young Scot?

Thuirtear còrr faisg is darna leth an luchd-fhreagairt (59.6%) gu robh susbaint agus fiosrachadh Gàidhlig Young Scot gu math feumail no glè fheumail.



Chan eil e glè fheumail 8.2%
 Chan eil e idir feumail 2.9%




Dè eile a bhiodh tu airson innse dhuinn mun t-susbaint agus am fiosrachadh Gàidhlig againn?

Thug **seasgad sa trì luchd-freagairt** freagairt sgrìobhte. Chaidh fichead sa seachd a sheòrsachadh mar neo-iomchaidh.

Bha a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt a' toirt seachad freagairt math mu dheidhinn an susbaint. Bha freagairtean ann cuideach nach robh a' tuigsinn an fheum airson susbaint Ghàidhlig.

Cuspair	Freagairtean
Deagh bheachd a thaobh susbaint a tha ga dheanamh	8
Chan eil e a' faicinn feum no buntainneas airson susbaint Ghàidhlig	6
Tha an susbaint gu math fiosrachail	5
A' cuideachadh le bhith a brosnachadh cultar na h-Alba	4
Chan eil susbaint air a bhrosnachadh cho math sa dh' fhaodadh e a bhith	3
Tha susbaint feumail do neach-ionnsachaidh	3
Is toil leotha a' faicinn susbaint nuair a tha e a' faireachdainn gu bheil a' Ghàidhlig a' bàsachadh	3
Bu toil leotha faicinn barrachd susbaint Ghàidhlig air a' dhèanamh	3
Tha an susbaint ruigsinneach agus furasta a leantainn	2
A' toirt orra faireachdainn pròiseil às an cultar agus an dualchas Albannach aca.	2
Tha susbaint a' faireachdainn gun structar	1
Is toil leotha Gàidhlig fhaicinn ga cleachdadh ann an beatha làitheil	1
Bu toil leotha barrachd susbaint Ghàidhlig fhaicinn a tha spòrsail	1
Bu toil leotha Young Scot ag obrachadh le luchd-cruthachaidh susbaint Ghàidhlig	1
Bu toil leotha Young Scot barrachd chothroman a thoirt seachad airson Gàidhlig ionnsachadh	1





“I enjoy watching the content produced - it is very informative and allows me to be proud of a language engrained in Scottish history.”

“It's sad that as a country we have slipped away from a part of our history and culture that should be kept alive. It's a shame we aren't taught even the basics in school.”

“I enjoy the Gaelic TikToks – they're short and easy to learn quick bits of information. The Gaelic recipes were a good idea, I listened a lot of times when I made the rhubarb crumble”.

“It's good to include young people across the country and their Gaelic content. Sharing more young creators across the Gaelic sphere.”



4. Deamografach an luchd-freagairt

Dè an aois a tha thu?

Bha barrachd na darna leth den luchd-fhreagairt (62%) fo aois 18. Bha a' mhòr-chuid dhaibh 15 no 16.

Aois	% Freagairt	Aois	% Freagairt
11	0.4%	19	7.3%
12	3.4%	20	7.0%
13	7.0%	21	6.8%
14	6.9%	22	4.6%
15	11.2%	23	3.9%
16	14.5%	24	3.6%
17	10.9%	25	4.8%
18	7.6%		

Dè an Ùghdarras Ionadail anns a bheil thu a' fuireach?

Bha freagairtean ann bho dhaoine a bha a' fuireach anns gach na 32 Ùghdarrasan Ionadail Thàinig a' mhòr-chuid de fhreagairtean bho dhaoine a bha a' fuireach ann an Dùn Èideann agus Glaschu.

Ùghdarras Ionadail	% Freagairt	Ùghdarras Ionadail	% Freagairt
Obar Dheathain	3.4%	Gaidhealtachd	5.0%
Siorrachd Obar Dheathain	3.8%	Inbhir Chluaidh	1.1%
Aonghas	1.7%	Lodainn Mheadhanach	3.2%
Earra-Ghàidheal is Bòd	2.4%	Moireibh	1.5%
Siorrachd Chlach Mhanann	1.0%	Siorrachd Àir a Tuath	1.5%

Comhairle nan Eilean Siar	1.6%	Siorrachd Lannraig a Tuath	5.9%
Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh	2.2%	Arcaibh	0.3%
Dùn Dè	3.4%	Peairt agus Ceann Rois	2.5%
Siorrachd Àir an Ear	1.5%	Siorrachd Rinn Friù	2.9%
Siorrachd Dhùn Breatann an Ear	3.3%	Criochan na h-Alba	2.2%
Lodainn an Ear	2.2%	Eileanan Shealtainn	0.1%
Siorrachd Rinn Friù an Ear	2.6%	Siorrachd Àir a Deas	1.8%
Dùn Èideann	11.6%	Siorrachd Lannraig a Deas	4.0%
An Eaglais Bhreac	2.9%	Sruighlea	2.2%
Fìobha	6.2%	Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar	0.8%
Glaschu	12.5%	Lodainn an Iar	2.8%

Aithne Gnè

Aithne Gnè	% Freagairt
Boireann	52.6%
Fireann	33.6%
Neo-bhìnearaidh	8.8%
B' fheàrr leam gun a bhith ag ràdh	2.7%
Ann an dòigh eile	2.3%

Dè an cinneadh a th' agad?

Bha barrachd na dà thrian den luchd-fhreagairt (**78.9%**) Geal / Albannach Geal / Breatannach Geal.

Cinnidheachd	%Freagairt
Geal / Albannach Geal / Breatannach Geal	78.9%
Àisianach/Albannach Àisianach/Breatannach Àisianach	3.8%
Buidhnean no loma Eitneach Measgaichte	2.4%
Geal Eile	2.4%
Èireannach	2.3%
B' fheàrr leam gun a bhith ag ràdh	1.9%
Pòlainneach	1.7%
Afraganach/ Albannach Afraganach/Breatannach Afraganach	1.6%
Eile	1.2%
Sìonach/ Albannach Sìneach/Breatannach Sìneach	1.1%
Arabach/ Albannach Arabach/Breatannach Arabach	1.0%
Dubh/Albannach Dubh/Breatannach Dubh	1.0%
Neach-siubhail	0.6%
Caribbean/ Albannach Caribbean/ Breatannach Caribbean	0.2%



Cuiribh fios thugainn

Sara Daniels, Manaidsear Dàta is Lèirsinn

sarad@young.scot

0131 313 2488

John Nicholson, Neach-taic Susbaint Didseatach - Gàidhlig

johnn@young.scot


0131 313 2488

Young Scot

Caledonian Exchange
19A Canning Street
Edinburgh
EH3 8EG

youngscot.net/news

info@young.scot

 @YoungScot

 YoungScot

